

18/9/25, Glaschu

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Lachlan Peel, Rhoda NicDhòmhnaill,
Marion Nic na Ceàrdaich, Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne,
Catriona Mhoireach, Calum MacLeòid, Calum Steele

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Muireann Bhochanan [MB] (Gnìomhaiche Margaidheachd + Ionnsachadh
Didseatach)
Bill MacLeòid [BM] (Deasaiche Coimiseanaidh) – puingean 1-5
Iain MacDiarmaid [IMD] (Àrd-Riochdaire) – puingean 1-5
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais agus Oighreachd) – puing 13
Iain MacGillÌosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 13
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) –
puingean 1-5

Chaidh fàilte a chur air IMD chun chiad choinneamh aige.

Chaidh bàs Nèill Fhriseil, a chleachd a bhith na Chathraiche air a' Bhòrd, a comharrachadh. Thug Niall atharrachadh mòr air na meadhanan Gàidhlig agus bha e aig teis mheadhan cruthachaidh nan seirbheisean rèidio agus telebhisean.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Ingrid NicEanraig – puing 14.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh

3.1 Aontaichte.

4. BBC ALBA – sùil air Q1 2025/26

4.1 Bha pàipearan agus pasgain fiosrachaidh air beulaibh bhall.

4.2 Chaidh a chomharrachadh gu robh fàs ann an ruigse seachdaineil nàiseanta aig BBC ALBA suas gu 8.2%, ach tuiteam ann an ruigse an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, sìos gu 37%. An lùib 16-44 na Gàidhlig bha an tuiteam sìos gu 17% gach seachdain. A dh'aindeoin sin, tha ìrean toileachais a' fuireach aig ìrean àrda.

4.3 Chumar deasbad air na h-adhbharan.

BBC ALBA - Ro-innleachd Dràma

4.4 Thug BM seachad taisbeanadh a' mìneachadh ro-innleachd agus amasan BBC ALBA airson Dràma eadar 2025 agus 2028.

4.5 Chuir Buill fàilte air farsaingeachd agus àrd-amas nam pròiseactan, bho phrògraman goirid agus didseatach gu filmichean fada. Bha na diofar dhùbhlain - cruthachail agus ionmhais - mun chlàr soilleir ach b' e an raon agus an t-àrd-amas cruthachail a bha follaiseach.

4.6 Chaidh fàilte a chur air gu robh na h-iomairtean dràma a bha sa chiad dol a-mach airson fèisean ag àbhaisteachadh na Gàidhlig air ùrlaran eile a thuilleadh air BBC ALBA.

4.7 Chaidh deasbad a chumail a thaobh an ìre agus am meud de Ghàidhlig - a thaobh An t-Eilean agus san fharsaingeachd - ann am prògraman.

4.8 Chaidh deasbad a chumail mu chùmhnanntan no KPIan Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith timcheall air An t-Eilean 2, mar eisimpleir, dè bha am pròiseact a' dèanamh airson na Gàidhlig, leithid cia-mheud a bha a' cleachdadh na Gàidhlig sa chompanaidh riochdachaidh agus cia-mheud luchd-trèanaidh le Gàidhlig a bha an sàs.

4.9 Chaidh innse gu bheileas airson nan amasan aig MG ALBA (na OKRan) a tha anns a' Phlana Bhliadhnail a choileanadh thairis air diofar phrògraman agus ghnèithean, agus nach robhas mar as trice a' cur cùmhnanntan sònraichte mar sin air prògraman fa leth. Bha an dòigh obrach sin a' toirt sùbailteachd. Aig a' cheann thall, thèid targaidean MG ALBA am measadh gach cairteal agus gach bliadhna stèidhichte air fianais.

- 4.10 Chaidh iomradh a thoirt air an stiùireadh cànan a thathas a' toirt do riochdairean, le aithne gu robh e an-còmhnaidh riatanach a bhith ag amas airson ìre na Gàidhlig a neartachadh agus prìomhachas a thoirt don luchd-coimhid.
- 4.11 Bha ceist ann mun ìre a dh'fhaodadh Comataidh Lèirsinn a dhol an sàs ann a bhith a' toirt seachad stiùir coimiseanaidh ach chaidh aithneachadh, ged a bha uallach air a' Bhòrd dèanamh cinnteach gun cosg a' bhuidheann an t-airgead san dòigh cheart, nach b' e coimisearan a bha sa Bhòrd.
- 4.12 Chaidh aithneachadh gur e co-obrachadh shònraichte a bha sa h-uile dad den seo eadar am BBC agus MG ALBA.
- 4.13 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na taisbeanaidhean agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air gnothaichean co-cheangailte ri susbaint BBC ALBA, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus riarachaidh mun t-slighe air adhart airson mar a tha prògraman BBC ALBA a' coileanadh ro-innleachd.

BBC ALBA Drama – Ùghdarras a' Bhùird

- 4.14 **An t-Eilean 2** - bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh Ùghdarras a' Bhùird, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, airson aonta ann am prionnsabal a-mhàin a dhol air adhart leis an dàrna sreath.
- 4.15 **Co-dhùnadh:** aontaichte ann am prionnsabal ach le aithne gu bheil obair ri dhèanamh a thaobh maoineachadh.
- 4.16 **Gnìomh:** thig dearbhadh mu choinneimh buill a' Bhùird nuair a bhios cumadh a' chùmhnaidh agus an t-ionmhas soilleir. (DMD)
- 4.17 **Te Whenua / An Tìr** - bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh taic ann am prionnsabal airson dràma ann an Gàidhlig agus Maori, le aithne gu robhas MG ALBA air litir taic a thoirt don riochdaire a bha a' sireadh maoineachadh ann an Seilainn Nuadh.
- 4.18 **Co-dhùnadh:** bha am Bòrd taiceil.
- 4.19 **Gnìomh:** ma thèid leis an riochdaire, agus ma tha BBC ALBA airson a dhol air adhart, nochdaidh iarrtas fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 air beulaibh a' Bhùird aig an àm cheart. (DMD)
- 4.20 **Loch nam Madadh** - bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh Ùghdarras a' Bhùird, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, airson aonta ann am prionnsabal a-mhàin a dhol air adhart leis an dràma.

- 4.21 **Co-dhùnadh**: aontaichte ann am prionnsabal.
- 4.22 **Gnìomh**: thig pàipear mu choinneamh a’ Bhùird an ath mhìos airson aonta foirmeil. (DMD)
- 4.23 ***Catrìona*** - bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh gu robh oifigearan a’ moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a chosg air coimisean airson dràma goirid 1 x 15 mionaidean, le taic bho Sgrìn Alba aig [fios glèidhte]. Tha an ni seo glèidhte chun Bhùird air sgath ‘s gu bheil e a’ cosg nas motha na £100k san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2.
- 4.24 **Co-dhùnadh**: aontaichte.
- 4.25 ***TakeThree*** - bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh gu robh oifigearan a’ moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a chosg air coimisean airson dràma goirid 2 x 15 mionaidean, gu h-iomlan 30 mionaidean le taic bho Sgrìn Alba is a BFI (1 x 15’ = [fios glèidhte]). Tha an ni seo glèidhte chun Bhùird air sgath ‘s gu bheil e a’ cosg nas motha na £100k san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2.
- 4.26 **Co-dhùnadh**: aontaichte.
- 4.27 Chaidh a chomharrachadh gun do dh’iarr am Bòrd roimhe briseadh a-steach gu gnèithean nas fharsaing agus gu robh e math sin fhaicinn san ro-innleachd seo.

5. **SpeakGaelic & LearnGaelic**

- 5.1 Bha pàipear agus aithisg crìochnachaidh ìre a h-aon de phlana SG air beulaibh bhall. Thuirte MM gum bi na com-pàirteachasan a’ coinneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil aonta ann air an t-slighe air adhart le dleastanas diofraichte aig gach com-pàirtiche.
- 5.2 Thuirte MB gu bheil plana margaidheachd dèante, gu bheil 1300 luchd-cleachdaidh air an làrach-lìn agus gun d’ fhuair aona phost 10,000 sealladh ann an leth-latha a-mhàin. Chaidh innse gu bheil dèanadas làidir agus gu bheileas ag obair air plana airson an t-slighe air adhart.
- 5.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

6. **FilmG**

- 6.1 Chaidh innse, às dèidh cuireadh gu tagradh, gun do ghlèidh Astar Media a’ chùmhnannt a-rithist airson trì bliadhna airson FilmG a lìbhrigeadh bho Sultain 2025 gu Cèitean 2028.
- 6.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

7. **Aithris a’ Chathraiche**

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Thuirt e gu robh e aig co-labhairt *Prosper Scot* leis an Leas-Phrìomh Mhinistear agus buidhnean eile gus beachdan a cho-roinn air prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson eaconamaidh na h-Alba fhàs ann an 2025/26 agus às dèidh sin.
- 7.3 Chaidh a' choinneamh eadar Rùnaire na Stàite airson Alba agus an Leas-Phrìomh-Mhinistear na h-Alba gus bruidhinn mu bheachd airson Aonta Fàs airson Gàidhlig a chur dheth ach thathas ag amas air coinneamh eile a chur air dòigh leis an Rùnaire ùr.
- 7.4 Chaidh coinneamh a chumail le Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd air 10/9/25 gus taic fhaighinn air an t-Aonta Fàs. Bha a' choinneamh air leth feumail agus thuirt e gu bheil e uabhasach cudromach obrachadh leis.
- 7.5 Thèid beachdachadh cho luath 's a ghabhas an dòigh as fheàrr beatha Neill Friseal nach maireann a chomharrachadh.
- 7.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

8. Inbhe agus Maoineachadh

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh fo shealladh eaconamaidh agus fo shealladh PSB air maoineachadh agus suidheachadh BBC ALBA.
- 8.2 Chaidh togail air na puingeannan a bha ann an Aithris a' Chathraiche agus chaidh bruidhinn mun dùbhlann a bha ro BhBC ALBA an-dràsta ann a bhith a' faighinn taic ionmhasail bhon BhBC airson pròiseactan mòra leithid Cèilidh na Bliadhn' Ùire agus An t-Eilean 2, a' fàgail na sreatha ann an cunnart.
- 8.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta ach le aithne gu robh feum air cumail a' dol le na nithean sa bheileas an sàs aig gach ìre.
- 8.4 **Gnìomh**: 1) thèid ceist maoineachaidh An t-Eilean 2 a thogail leis a' BhBC aig ìre bùird (JM); 2) thèid beachdachadh air sgrìobhadh gu gach BP agus BPA Albannach gus taic a ghlèidheadh nar n-iomairt (DC).

9. Comataidhean

Comataidh Lèirsinn

- 9.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 9/9/25.
- 9.2 A thaobh co-labhairt Às Ùr air 1/10/25, tha cùisean a' gluasad air adhart.

9.3 A thaobh planadh leantainneachd luchd-obrach, thathar ag iarraidh air oifigearan a thighinn air ais le molaidhean agus thèid sin a chuir fa chomhair am Bòrd air fad.

9.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

9.5 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad faineir do gheàrr-chunntas de choinneamh 10/9/25.

9.6 Chomharraich am Bòrd am Poileasaidh Foill agus thèid fhoillseachadh. (SMD)

9.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta

Stèidheachadh Comataidh Thurastal

9.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

9.9 **Gnìomh**: 1) thèid Gnàth-Riaghailtean agus Sgeama Tiomnachaidh & Rianachd MG ALBA ùrachadh agus a chuartachadh air buill airson aonta; 2) thèid deit a' chiad choinneamh aontachadh. (MAMI)

10. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Àrd-Sgioba Gnìomh an-dràsta.

10.2 Bha e follaiseach gu feum an luchd-obrach aig àrd ìre a bhith comasach agus deònach obair a chur bhuapa gus a bheil cothrom aig daoine eile air fàs proifeasanta agus gum bi iad deiseil airson uallaichean a bharrachd a ghabhail. Thèid pìos obrach a dhèanamh a thaobh comasan riaghlaidh agus stiùiridh (management and leadership competencies) gus seo a dhèanamh comasach.

10.3 Tha feum fhathast air an obair-atharrachaidh a thaobh siostaman fhaighinn gu dol ann an da-rìribh agus bidh ùrlar airson seo a dheasbad aig na làithean sgioba san t-Samhain. Bha beachd ann gu feumar deit a chur romhainn fhèin gus stad le na seann siostaman agus tòiseachadh leis na siostaman ùra.

10.4 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbhaich am Bòrd gun do ghabh iad faineir

11. Dèanadas (OKRan) Q1 2025/26

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail agus bhruidhinn DMD ris.
- 11.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil e duilich pàtran fhaicinn ann an dèanadas ann an Q1 ri linn an àireamh ìosal de phrògraman ùra ach gu bheil Q2 a' coimhead dòchasach.
- 11.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

12. Cunntasan Q1 2025/26

- 12.1 Bha cunntasan air beulaibh bhall agus bhruidhinn SMD riutha.
- 12.2 Tha a' mhòr chuid de loidhnichean buidseit mar bu chòir.
- 12.3 Mar as àbhaist bha caitheamh riochdachaidh nas slaodaiche sa chiad ràithe agus beagan mì-chinnt fhathast mu shruth-airgid riochdachaidh a thaobh dràma airson 2025/26.
- 12.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

13. Meatraigs Riosg

- 13.1 Bha pàipear, mapa riosg ro-innleachdail ùr agus prìomh riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML ris.
- 13.2 Chaidh clàr riosgan ùr a leasachadh gus riaghladh chunnartan a neartachadh le bhith a' comasachadh cunnartan fa leth a thaghadh airson sgrùdadh, mapaichean teas agus prìomh meatraigs, agus a' lughdachadh mhearachdan.
- 13.3 Chaidh Clàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh a dheasbad leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air 10/9/25. Bha a' Chomataidh riaraichte le cùisean agus bha iad a' cur trì chunnartan air beulaibh bhall.
- 13.4 Thuirt an Cathraiche gu bheil am Bòrd cofhurtail gu bheil a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' coimhead gu dlùth air cùisean. Thuirt e gum biodh am Bòrd airson a bhith fiosraichte mu gin a riosgan a tha ag atharrachadh agus thuirt UML gu bheil sin comasach.
- 13.5 Chaidh deasbad a chumail mu mhargaidheachd agus am bheil margaidheachd/cross-platform promotion/discoverability leis a' BhBC ag obair cho math 's as urrainn.
- 13.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 13.7 **Gnìomh**: thèid taisbeanadh ro-innleachdail mu mhargaidheachd a thoirt seachad aig an ath choinneamh Bùird. (MC)

14. Ùghdarras phrògraman

- 14.1 Chaidh am puing seo a làimhseachadh còmhla ri puing 4.

- 14.2 Dh'fhàg Ingrid NicEanraig a' choinneamh airson a' phuing seo.
- 14.3 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh ùghdarras a' Bhùird, ri linn gu bheil a' chosgais seachad air £100k san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, gus [fios glèidhte] a chosg am bliadhna-sa air Cèilidh na Bliadhn' Ùire 2025 airson prògram dà uair a thìde beò air BBC ALBA Oidhche Challainn.
- 14.4 Chaidh innse mar phàirt den t-aonta air lèirmheas na co-bhanntachd ris a' BhBC bhathas an dùil gum biodh am BBC a' pàigheadh airson an tìotal seo is thachair seo ann an 2024/25 is thàinig an t-airgead a-mach à sàbhalaidhean. Chan eil an aon suim airgid aig a' BhBC agus tha iad a' sireadh taic le cosgais a' phrògram am bliadhna-sa agus thar nam bliadhnaichean ri thighinn ma tha coimisean ann air a shon.
- 14.5 Bha aithne ann ged nach b' e suidheachadh fàbharach a bha seo gu robh am prògram cho cudromach airson an luchd-amhairc gum b' fhiach a mhaoineachadh.
- 14.6 **Co-dhùnadh:** aontaichte.

15. GISBE

- 15.1 Thèid beachdachadh air an dòigh as fheàrr an àireamh mhòr de dhaoine a tha an sàs (engagement) le SpeakGaelic a chur gu feum san iomairt airson maoineachadh agus ceartas do BhBC ALBA.
- 15.2 Chaidh innse gu bheil obair ga dhèanamh an-dràsta air ro-innleachd airson TikTok BBC ALBA, le aithne gu feumadh e a bhith barrachd na dìreach a' faighinn daoine chun iPlayer.
- 15.3 Thug Calum Steele taing seachad airson nan teachdaireachdan agus nan sìtheannan a fhuair e an dèidh bàs a mhàthair.

16. Deit na h-ath choinneimh – madainn 4/12/25, Glaschu